

**Comataidh Inbhean MG ALBA**

MG ALBA, Steòrnabhagh

4/9/19, 1000-1300

Dreach geàrr-chunntas

**Buill:** Iain Stephen Moireasdan (*sa Chathair*) Jo NicDhòmhnaill  
Ailean Dòmhnullach

**Luchd-obrach:** Dòmhnull Caimbeul (*An t-Àrd-Oifigear*)  
Iseabail Nic an t-Sagairt (*Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachd*)  
Mairi Anna NicAonghais (*a' gabhail nòtaichean*)

**An làthair:** Mairead Màiri Mhoireach (*Ceannard Seirbheis*)

**1. Leisgeulan**

Calum MacFhearghais, Marion Nic na Ceàrdaich.

**2. Gnothach Dearbhte**

Cha robh gin.

**3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 10/5/19**

Aontaichte.

**4. Gnothaichean ag èirigh**

- 4.1 LearnGaelic – ann an co-theacsa an dàil san iomairt fastaidh son Manaidsear ionnsachaidh, chaidh innse gun deach litir a chuir gu Bòrd na Gàidhlig gus cùisean adhartachadh agus cuideachd gun deach bruidhinn riutha. Leis an dealbh-obrach aig BnàG airson aonta, cha għluais cùisean gus am bi seo dèante.
- 4.2 Chaidh a chomharrachadh gu robh uallach mòr air a' Chomataidh mun dàil le seo agus a' bhuaidh a bh' aige air obair leasachaidh.
- 4.3 Chaidh innse san eadar-ama gu robh obair a' leantainn le bhith a' togail chom-pàirteachasan ionnsachaidh le buidhnean eile.
- 4.4 Bha aonta ann gu robh e deatamach gu robh SMO an sàs gu mòr sa chùis.

- 4.5 Chaidh innse gu bheil Buidheann-stiùiridh LG a' coinneachadh air 17/9/19 agus gum bi aonta ga shireadh aig a' coinneamh air gnothaichean, le riochdaire bho Bhòrd na Gàidhlig gu bhith an làthair.
- 4.6 Chaidh innse gu robh an t-Àrd-Oifigear agus an Cathraiche an làthair aig an dàrna coinneamh den bhuidheann *Adhartas nas Luaithe* bho chionn ghoirid – iomairt a chaidh a chuir air dòigh leis an Iar-Phrìomh Mhiniestar. Aig a' coinneamh, chaidh sruthan obrach a chuir air bhog co-cheangailte ri 1) gnothaichean didseatach agus 2) ionnsachadh, le obair co-cheangailte ga iarraidh bho na diofar bhuidhnean.
- 4.7 Bidh coinneamh eile ann taobh a-staigh trì mìosan, leis a' Mhiniestar airson Ionmhas Poblach agus Eaconamaidh Didseatach an làthair.
- 4.8 Bhon coinneamh mu dheireadh, choinnich an t-Àrd-Oifigear ri Comhairle nan Eilean Siar gus com-pàirteachasan a chuir air dòigh le diofar bhuidhnean.
- 4.9 Chaidh iomradh a thoirt air na diofar iomairtean san robh am buidheann an sàs co-cheangailte ri trèanadh agus na meadhanan sòisealta agus gu robh cothrom ann iad sin a deasbad aig a' fòram seo, 's doch aig coinneamh an Fhaoillich.
- 4.10 Chaidh aontachadh gum bu chòir gach cothrom a ghabhail teachdaireachdan a sgaoileadh mun iomairt seo aig tachartasan/air ùrlaran sam bith.
- 4.11 Chaidh iomradh a thoirt air an obair a bhathas a' dèanamh le Cànan, le lèirmheas ga dhèanamh an-dràsta gus tuigse nas moth a fhaighinn air dè tha ag obair a thaobh a bhith a' cruthachadh stuth agus cuideachd dè a bhrosnaicheas daoine gus stuthan a cruthachadh.

## 5. Dèanadas BBC ALBA agus na Meadhanan Sòisealta

- 5.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh nan raointean-obrach a leanas: BBC ALBA; na meadhanan didseatach; Lèirsinn 2021; trèanadh, sgilean & tàlant agus luchd-amais.
- 5.2 Chaidh deasbad a chumail mun rannsachadh a bha ga dhèanamh co-cheangailte ri na Naidheachdan ri linn an lùghdachadh a chaidh fhaicinn sna h-àireamhan-coimhid. Chaidh innse gu bheileas a' rannsachadh dèanadas agus iarrtas an luchd-amhairc.
- 5.3 Bha a' Chomataidh airson a bhith air an cumail fiosraichte mu na h-adhartasan.
- 5.4 Chaidh a mholadh gun tèid iarraidh air Àrd-Deasaiche Naidheachdan a thighinn gu coinneamh den Chomataidh aon uair 's a tha toraidhean an rannsachaidh rim faighinn agus an dèidh ùine don sgioba breithneachadh air cùisean. Tachraidh seo as t-Samhain 2019 no Gearran 2020.  
(Gníomh: IMT)
- 5.5 Chaidh a thogail am bu chòir ceist mu Inbhe an t-seirbheis naidheachd a bhith air a chuir air a' phannal.

- 5.6 Chaidh àireamhan ìseal an iPlayer a chomharrachadh, le ath-chraolaidhean am prìomh adhbhar ga thoirt seachad airson seo. Chaidh aontachadh gu robh taisbeanadh ann a rinn Stuart Martin, BBC – a chaidh a thaisbeanadh aig Bòrd na Co-bhanntachd - a bhiodh feumail don Chomataidh agus thèid seo a chuairteachadh (Gníomh: MAMI). Chaidh aontachadh sealltainn air clàr-obrach Chomataidh Inbhean airson ùine fhaighinn sealltainn air suidheachadh an iPlayer (Gníomh: IMT)
- 5.7 Co-cheangailte ri Trèanadh, Sgilean is Tàlant agus preantasachd co-bhanntachd Uibhist a Deas, chaidh innse gun deach coinneamh a cumail bho chionn seachdain, le riochdairean bho na buidhnean an làthair. Thàinig iad gu aonta air tri no ceithir a cheumannan a bheir cùisean air adhart, le dòchas ann gum bi gluasadann ann san ùine tha romhainn.

## 6. Dleastanas na Comataidh

- 6.1 Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.
- 6.2 Chaidh innse - a' leantainn coinneamh mu dhleastanas na Comataidh air 19/8/19 - a) gun cuireadh an Cathraiche pàipear timcheall airson aonta, a' thigeadh chun a' bhùird san t-Sultain, a' mìneachadh na chaidh aontachadh a thaobh dleastanas is clàr obrach na comataidh; b) gu robh plana obrachaiddh 3 bliadhna a dhìth gus am biodh soilleireachadh aig a' bhòrd air dè tha romhainn sna bliadhnaichean air thoiseach, chan ann a-mhàin na dhà no thrì bliadhna san ùine ghoirid.
- 6.3 Chaidh aontachadh pàipear ghoirid a chuir chun bhùird (Gníomh: MAMI/IS)

## 7a) Ro-innleachd Ioma-Ùrlair

- 7.1 Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.
- 7.2 Le oifigearan ann am pròiseas dealbhachaidh air ro-innleachd ioma-Ùrlar BBC ALBA, aig a' choinneimh mu dhleastanas na Comataidh air 19/8/19 chaidh aontachadh gum biodh e feumail dhan Chomataidh a bhith fiosraichte mu na prionnsabalan air cùlaibh sin, mus deigheadh na prionnsabalan a chuir air beulaibh a Bhùird aig a' choinneamh air 24/25 t-Sultain.
- 7.3 An cois a' chuspair seo tha deasbad mun ghnè Chloinne, a tha na phàirt chudromach den ro-innleachd.
- 7.4 Chaidh taisbeanadh a thoirt seachad mu Phrionnsabalan Ro-innleachd Ioma-Ùrlar BBC ALBA, le prìomhachasan ùrlair a rèir gnè, stèidhichte air fianais.

- 7.5 Tha prìomhachasan ùrlar a' togail ceistean a bharrachd mu (i) mhaoin agus (ii) an dòigh as èifeachdaiche an stuth a cheannach. Tha Sgioba Phrògraman fhathast a' deasbad nan ceistean seo agus bidh na prionnsabalan uile nan bonn-stèidh air cruth an ath chuairt de chùmhnantan.
- 7.6 Bha aonta ann gu robh planadh fad ùine air leth cudromach gus am bi fios air càite am bi an t-saoghal a thaobh ùrlaran agus treandaichean le cultar ag atharrachadh (seirbheis loidhneach v na meadhanan sòisealta).
- 7.7 Chaidh deasbad a dhèanamh air cudromachd tachartasan beò agus chaidh aontachadh fios a chumail ris a' Chomataidh mu ciamar a thèid togail air an seo.
- 7.8 Aig bonn gnothaich, bidh ro-innleachd a thaobh seirbheiseachadh luchd-cleachdaidh na Gàidhlig ach cuideachd a bhith a' frithealadh doras chun Ghàidhlig.
- 7.9 Chaidh beachdachadh air am biodh cothrom ann daoine gun Ghàidhlig a tharraing chun na seanail le trails ann am Beurla agus Gàidhlig an dèidh, mar eisimpleir, geama ball-coise.

#### **7b) Prògraman chloinne**

- 7.10 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh co-cheanagailte ri a) clàr phrògram BBC ALBA 5f–7f; b) measadh air a' ghnè chloinne; agus c) measadh bho oifigearan air a' bhliadhna a dh'fhalbh, dùblain, sùil air adhart, agus beachd air a' bhuaidh air an luchd-coimhid.
- 7.11 Chaidh innse gu bheileas a' feitheamh fios an robhas soirbheachail ann a bhith a' gleidheadh airgid bhon BFI.
- 7.12 Chaidh deasbad a chumail mu airgead an EBU a bhith a' tighinn gu crìoch. Chaidh innse gu bheileas an dòchas gun cum co-obrachadh agus co-roinneadh shusbaint eadar dhùthchannan.
- 7.13 Chaidh aontachadh ged a tha dùblain ann, gu bheil piseach mòr air a thighinn air prògraman chloinne sa bhliadhna mu dheireadh agus gum bu chòir an sgioba a bhith moiteil.
- 7.14 Thèid pàipear a sgrìobhadh son coinneamh a' Bhùird air 25/26 Sultain 2019. (Gníomh: MAMI)

#### **8. Rèidio**

- 8.1 Bha pàipear air beulaibh leis an fhios as ùire mu chuir an cèill ro-innleachd rèidio, agus chaidh deasbad a chumail.
- 8.2 Chaidh iomradh a thoirt air na h-iomairtean a bha a' dol le ionnsachadh, tàlant, agus àite rèidio ann an saoghal ioma-ùrlar BBC ALBA.
- 8.3 A bharrachd air prìomhachas a thaobh ionnsachadh agus tàlant, bidh àite cudromach aig rèidio ann an saoghal ioma-ùrlar seanailean Gàidhlig m.e. le stuthan air YouTube.
- 8.4 Chaidh fàilte a chuir air gach iomairt, agus thèid an tuilleadh dhealbhachadh a dhèanamh air taobh a-staigh Prionnsabalan Ro-innleachd Ioma-Ùrlar BBC ALBA.

## **9. Ionnsachadh + LearnGaelic**

- 9.1 Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail. Thathas mothachail gu bheil ionnsachadh an dà chuid mar ghnè airson co-bhanntachd BBC ALBA ach cuideachd mar chuspair fior chudromach airson ath-bheothachadh na Gàidhlig anns am bheil iomadh neach, buidheann agus coimhersnachd an-sàs.
- 9.2 Bha aithneachadh ann gu feumar a bhith faicellach nach deigheadh MG ALBA a ghachadh ann am pròiseact foghlaim nach robh ann an dleastanas na buidhne. Ach bha faireachdainn ann nam biodh manaidsear ionnsachaidh air fhastadh, agus a' gabhail comhairle bhon bhuidheann-stiùiridh, gum biodh an neach sin os cionn ghnothaichean agus an uallach a thoir far MG ALBA.
- 9.3 Bha moladh ann bho bhall ballrachd na buidhne-stiùiridh a chumail teann aig an ìre seo agus aon uair 's gu bheil an iomairt air an t-slige cheart, am ballrachd a leudachadh a-mach.
- 9.4 Thig fios air ais chun Chomataidh an dèidh coinneamh na buidhne-stiùiridh air 17/9/19.
- 9.5 Chaidh aontachadh ri a) an sgèile comais mar bhun-stèidh air cruthachadh agus seòrsachadh ghoireasan agus mar iùl le clachan-mìle iomchaidh airson an neach ionnsachaidh; b) an dreachd "bun reachd" agus an dreachd "meòrachan còrdaidh"; c) ballrachd LearnGaelic; agus d) LearnGaelic mar iomairt, a thuilleadh air goireas didseatach.

## **10. Sgilean Gàidhlig**

- 10.1 Aig coinneamh a' bhùird san Òg Mhìos chaidh fianais suirbhidh luchd-solar air ìre sgilean Gàidhlig a sgaoileadh.
- 10.2 Chaidh aontachadh an rannsachadh a thilleadh gu Comataidh Inbhean gus faicinn dè an dòigh as fheàrr leantainn air adhart leis. Thèid e cuideachd air beulaibh a' bhuidheann comhairleachadh trèanaidh.
- 10.3 Chaidh aithris a dhèanamh mu a) gu robh taic leantainneach, cunbalach a dhìth a thaobh cànan airson luchd-ionnsachaidh sa ghnìomhachas; agus b) gu robh cothrom eacnamaigeach ann do dhaoine le Gàidhlig ann an obraighean teicnigeach agus gnothaichean gnìomhachais, ach le faireachdainn gu feum air brath a ghabhail mar is còir air cothroman-trèanaidh sna raointean sin an-dràsta is gum bu chòir coimhead orra.
- 10.4 Chaidh deasbad a chumail mu ann an da-rìribh an robh na greisean gnìomhachais cho soirbheachail 's am b' urrainn, le feum air tòrr obrach gus dèanamh cinnteach gu bheil ùidh ga thogail ann an craoladh agus a-steach gu dreuchdan, fianais ann nach bheil fios aig daoine dè na dreuchdan a tha a-muigh an sin. Thig seo air ais gu coinneamh eile san t-àm ri teachd (Gníomh: MAMI).

## **11. Neartachadh na buidhne**

- 11.1 Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.
- 11.2 Tha aithneachadh ann gu bheil feum air cur ri àireamhan nan stiùirichean, le dùil agus an obair air fàs, bho thaobh na meadhanan a tha a-nis iomadh-ùrlarach agus bho thaobh am buaidh a thathas an dùil a thig bho obair MG ALBA airson ath-bheothachadh na Gàidhlig.
- 11.3 Chaidh deasbad a chumail mu choinneamh a' mholaidh cuir ri comas na buidhne ann an dòigh (1) a cheadaicheas dhan Stiùiriche Ro-innleachd agus Cho-bhanntachd tiotal obrach Stiùiriche Susbaint a ghabhail agus (2) stiùiriche ùr fhastadh - Stiùiriche Chùisean Taoibh A-muigh.
- 11.4 Cheadaicheadh seo fòcas a dhèanamh air an dà phrìomh amas aig MG ALBA: (1) luchd-cleachdaidh nam meadhanan a shàsachach le susbaint Gàidhlig gu bith dè an inneal no ant-ùrlar a tha iad a' cleachdad; agus (2) an taic, an com-pàirteachas agus am maoin bhon taobh a-muigh a bhith ann a cheadaicheas sin gu fad-ùine.
- 11.5 Thèid atharraichean eile a chur an gnìomh, mar eisimpleir: (1) cur an-dreuchd Leas-Choimiseanair Didseatach; (2) iomairt cruth-atharrachaидh didseatach na buidhne (digital transformation); (3) leasachadh fèin-aithne agus brand na buidhne; (4) leasachadh sgilean. Thèid seo uile a mhìneachadh aig coinneimh a' Bhùird.
- 11.6 Ach an-dràsta, bha taic na Comataidh dha shireadh airson tuairisgeul obrach an dà dhreuchd.
- 11.7 Gun toir buill taic ris a' mholaidh, gus an tig e air beulaibh a' Bhùird taobh a-steach plana nas fharsainge airson neartachadh na buidhne air 24/25 Samhain 2019.
- 11.8 Chaidh aontachadh gu robh feum air aonta a' bhùird mus tèid a chuir gu Ofcom, le cothrom a dheasbad aig buidheann-obrach (An Cathraiche agus Cathraichean nan Comataidhean) air fòn mus tèid e air adhart chun bhùird. (Gníomh: DC)

## **12. Aithisean dèanadais Q1 2019/20**

Chaidh an aithisg ràitheil Air-loidhne agus Meadhanan Sòisealta a chomharrachadh.

## **13. GISBE**

- 13.1 Thèid còmhradh a chuir air dòigh eadar Cathraiche na Comataidh agus Marion Nic na Ceàrdaich ron ath choinneamh san t-Samhain. (Gníomh: MAMI)
- 13.2 Thèid clàr choinneamhan 2020 a dhealbhachadh, le dà là air a chomharrachadh son 'away day' airson a' bhùird ro 31/3/20.

## **14. Deit na h-ath choinneimh – 6/11/19, Glaschu**

*Ainm sgriobhte a' Chathraiche:*

*Deit:*